

A' TOIRT AIR ADHART INBHEAN  
PROIFEISEANTA AIRSON TIDSEARAN



Inbhean airson clàradh: riatanasan èigneachail  
airson Clàradh le Comhairle Choitcheann  
Teagaisg na h-Alba

An Dùbhlachd 2012




Inbhean airson clàradh.....	1
Ro-ràdh.....	2
<b>1 Luachan Proifeiseanta agus Dealasachd Phearsanta.....</b>	<b>5</b>
<b>2 Eòlas agus Tuigse Phroifeiseanta.....</b>	<b>8</b>
2.1 An Curraicealam .....	8
2.2 Siostaman Foghlaim agus Uallaichean Proifeiseanta .....	11
2.3 Teòraidhean agus Cleachdadh Teagaisg .....	13
<b>3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta .....</b>	<b>14</b>
3.1 Teagasg agus Ionnsachadh .....	144
3.2 Eagrachadh agus Rianachd Seòmar-sgoile .....	177
3.3 Measadh Sgoileir .....	19
3.4 Meòrachadh agus Conaltradh Proifeiseanta .....	200

---



# Inbhean airson clàradh

\*An Inbhe airson Ionnsachadh  
Phroifeiseanta  
Fad-dhreuchd  
The Standard for Career-Long Professional Learning  
(Career long prof learning 3<sup>rd</sup> circle)



---

## Ro-ràdh

Tha An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant (SPR) agus An Inbhe airson Làn Chlàradh (SFR) mar phàirt den phasgan de dh'Inbhean Proifeiseanta GTC Alba a tha cuideachd a' gabhail a-steach [An Inbhe airson Ionnsachadh Phroifeiseanta Fad-dhreuchd](#) agus [Na h-Inbhean airson Ceannardas agus Rianachd](#). Tha na h-inbhean sin air an daingneachadh leis na cuspairean luachan, seasmhachd agus ceannardas. Tha Luachan Proifeiseanta aig cridhe nan Inbhean airson Clàradh. Tha iad mar phàirt deatamach de, agus air an taisbeanadh tro, ar càirdeasan agus ar cleachdaidhean proifeiseanta.

Is e dealas làn-sgoile a tha ann an “Ionnsachadh airson Seasmhachd” a tha a' cuideachadh na sgoile agus a coimhearsnachd san fharsaingeachd a bhith a' leasachadh an eòlais, sgilean, beachdan, luachan agus cleachdaidhean a dh'fheumar gus a thighinn gu co-dhùnaidhean a tha a rèir seasmhachd san àm ri teachd ann an saoghal a tha ceart agus cothromach. Tha ionnsachadh airson seasmhachd air a bhith air fhighe a-steach sna h-Inbhean airson Clàradh gus taic a thoirt do thidsearan ann a bhith a' gabhail thuca fhèin agus a bhith a' cur air adhart prionnsabalan agus cleachdaidhean seasmhachd anns gach taobh den cuid obrach.

Bu chòir cothroman a bhith aig a h-uile tidsear a bhith nan ceannardan. Tha iad a' stiùireadh foghlam do, agus còmhla ri, gach neach-ionnsachaidh leis a bheil iad an sàs. Bidh iad cuideachd ag obair còmhla ri agus a' toirt taic ann a bhith a' leasachadh an co-obraichean agus an com-pàirtichean eile. Tha Na h-Inbhean airson Clàradh a' gabhail a-steach fòcas air ceannardas airson ionnsachadh.

Tha An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant a' sònrachadh na thathar a' sùileachadh bho thidsear a tha a' trèanadh aig deireadh Tùs Foghlam Thidseir agus a tha a' sireadh clàradh air chùmhnant le GTC Alba. Air dhaibh an SPR a chosnadh, bidh gach tidsear a tha air clàradh air chùmhnant a chosnadh a' leantainn orra air an slighe ionnsachaidh phroifeiseanta le bhith a' gluasad gu bhith a' cosnadh an Inbhe airson Làn Chlàradh. Is e an SFR an t-slighe a-steach chun dreuchd agus an comharra-measaidh de chomas thidseir airson gach tidsear. Feumaidh e mar sin a bhith a' gabhail a-steach inbhean comais a thaobh teagaisg (le cuid de dh'atharrachaidhean reusanta a dh'fhaodadh gum feumte a dhèanamh a rèir Reachdas Co-ionannachd) anns am bi misneachd aig luchd-ionnsachaidh, pàrantan, an luchd-dreuchd iad fhèin agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.


Tha an sgrìobhainn seo air a chuingealachadh gu bhith dìreach a' mìneachadh an SPR agus an SFR agus chan eil e a' dèiligeadh gu mionaideach ris an dòigh anns am bithear a' toirt breith no an dòigh anns am bu chòir breith a thoirt. Chan eil e nar rùn gum bi na Gnìomhan Proifeiseanta air an cleachdadh mar liosta-sgrùdaidh. San fharsaingeachd, feumaidh misneachd a bhith aig an neach a bhios a' dèanamh lèirmheas air obair an tidseir gu bheil a' coileanadh nan comasan air a bheil a' toirt cunntas san inbhe phroifeiseanta. Far a bheil dhan bheachd gu bheil tuilleadh leasachaidh a dhìth, bheir na Gnìomhan Proifeiseanta fòcas airson na dh'fheumar a dhèanamh.

An dèidh dhaibh an SFR fhaighinn, leanaidh tidsearan orra a' leasachadh an ealantais agus an eòlais thar gach raon den obair phroifeiseanta tro ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchda a bhios iomchaidh agus seasmhach. [Chaidh an Inbhe airson Ionnsachadh Phroifeiseanta](#)

**Fad-dhreuchd** a leasachadh gus taic a thoirt do thidsearan a bhith a' beachdachadh air an inbhe seo mar phàirt den ionnsachadh phroifeiseanta. An uair a bhios iad a' gluasad air adhart tron dreuchdan bidh an Inbhe seo gan cuideachadh ann a bhith a' comharrachadh, a' planadh agus a' leasachadh am feumalachdan ionnsachaidh fhèin agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' leantainn orra a' leasachadh an cleachdaidhean proifeiseanta.

Tha riatanasan an Inbhe airson Làn Chlàradh a thuilleadh air, agus a' leantainn air adhart bho, a bhith soirbheachail ann a bhith a' coileanadh an Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant. Is e adhbharan an Inbhe airson Làn Chlàradh:

- ❖ geàrr iomradh air na feartan agus na comasan proifeiseanta a thathar a' sùileachadh a bhios aig tidsearan fo dheuchainn:
- ❖ inbhe phroifeiseanta a thèid a chleachdadh mar shlat-tomhais gus molaidhean agus co-dhùnaidhean a tha earbsach agus cunbhalach a dhèanamh air freagarrachd thidsearan ùra airson làn chlàradh le GTC Alba:
- ❖ geàrr iomradh air na feartan agus na comasan proifeiseanta a thathar a' sùileachadh a bhios tidsearan làn chlàraichte a' cumail suas agus a' cur riutha rè am beatha dhreuchdail air fad;
- ❖ bun-inbhe de chomas phroifeiseanta a bhithear a' sùileachadh bho thidsearan rè am beatha dhreuchdail.



---

Tha eileamaidean de na h-inbhean air fad air an eagrachadh ann am feartan eadar-cheangailte le Luachan Proifeiseanta agus Dealasachd Phearsanta aig an teis mheadhan.

Tha na h-eileamaidean sin gu dualach ceangailte ri chèile ann an leasachadh thidsearan agus chan urrainn dha aon fheart seasamh leis fhèin. Is e an eadar-cheangal a tha seo eadar na feartan a tha a' leasachadh tuigse, obair agus proifeiseantachd an tidseir.

Rè na h-ìre thràth seo, bu chòir do dh'fhianais shoilleir a bhith ri faotainn de leasachadh agus daingneachadh a thaobh eòlas, tuigse, sgilean agus comasan.



---

# 1 Luachan Proifeiseanta agus Dealasachd Phearsanta

Bu chòir dha na Luachan Proifeiseanta agus Dealasachd Phearsanta a bhith air an leughadh an co bhuinn ri [Còda GTC Alba Thidsearan fo Dheuchainn](#) agus [Còda Proifeiseantachd agus Giùlan](#) (COPAC).

Tha luachan proifeiseanta aig cridhe nan Inbhean Proifeiseanta. Tha fèin fhiosrachaidhean foghlaim ar luchd-ionnsachaidh air fad air an cumadh a rèir luachan agus càilean nan daoine a tha an sàs nan cuid ionnsachadh. Tha na luachan iom-fhillte agus tha iad mar bhàrr-shamhail a bhios sinn a' cleachdadh airson ar cleachdaidhean proifeiseanta a chumadh. A' tòiseachadh leinn mar dhaoine fa leth, tha na luachan againn a' gabhail a-steach na tha an urra rinn agus an saoghal anns a bheil sinn beò.

Tha iad a' stiùireadh dealas pearsanta nach gabh a ghluasad taobh seach taobh a chum fàs inntleachdail, sòisealta agus beusail agus sunnd gach neach-ionnsachaidh. Tha iad riatanach do, agus air an comharrachadh nar càirdeasan agus nar cleachdaidhean proifeiseanta air fad agus anns a h-uile nì a bhios sinn a' dèanamh gus coinneachadh ri ar dealasan agus ar dleastanasan air fad mar thidsearan a tha clàraichte le GTC Alba.

Tha proifeiseantachd cuideachd a' gabhail a-steach am feum a tha ann a bhith a' cur cheistean sgrùdach a thaobh nam poileasaidhean agus nan cleachdaidhean foghlaim agus a bhith a' mion-sgrùdadh ar beachdan agus nan nithean anns a bheil sinn a' creidsinn. Feumar a bhith gu cunbhalach ag ath-mheasadh luachan, agus na ceanglaichean eadar luachan agus cleachdaidhean rè cùrsa dhreuchdail thidsearan mar a bhios an comann sòisealta agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh ag atharrachadh agus mar a bhios tuigse a' tighinn air adhart. Tha seo aig teis-mheadhan freagarrachd, freagairteachd agus iomchaidheachd na dreuchd.

Is iad na Luachan Proifeiseanta agus an Dealasachd Phearsanta a tha nam prìomh eileamaidean do thidsear:

## ❖ Ceartas sòisealta

- Gu h-ionadail agus gu cruinneil a bhith a' gabhail ri luachan foghlaim agus sòisealta a thaobh seasmhachd, co-ionannachd agus ceartas agus a bhith ag aithneachadh còraichean agus uallachaidhean nan ginealaichean ri teachd cho math ri ginealaichean an là an-diugh.
- A bhith dealasach mu phrionnsabalan deamocrasaidh agus ceartas sòisealta tro phoileasaidhean agus chleachdaidhean a tha cothromach, follaiseach, in-ghabhalach agus seasmhach a thaobh: aois, ciorramachd, gnè agus gnè aithne, cinneadh, cinnidheachd, creideamh agus cràbhachd agus gnàths gnèitheasach.
- A' cur luach air, cho math ri bhith a' toirt urram do iomadachd sòisealta, cultarail agus eag-eòlach agus ag adhartachadh prionnsabalan agus cleachdaidhean saoranachd ionadail agus cruinneil do gach neach-ionnsachaidh.

- 
- A' toirt fianais air dealas a thaobh a bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh a bhith a' dol an sàs ann an cùisean an t-saoghail mhòir gus a bhith a' meudachadh ionnsachadh agus builean, agus gus a bhith a' brosnachadh ionnsachadh gus am bi àm ri teachd nas fheàrr againn.
  - A bhith a' toirt spèis do chòraichean gach neach-ionnsachaidh mar a tha air a chur an cèill ann an [Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Chloinne](#) (UNCRC) agus an làn chòir a bhith air a ghabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean mu na fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh aca agus gum biodh gach taobh den sunnd air a leasachadh agus a' faighinn taic.

#### ❖ **Treibhdhireas**

- A' toirt fianais air fosgailteachd, fìreantachd, misneachd agus gliocas.
- A' dèanamh sgrùdadh mhionaideach air beachdan agus creideamhan pearsanta agus proifeiseanta agus a' toirt dùbhlann do ro-bheachdan agus cleachdadh proifeiseanta.
- A' dèanamh sgrùdadh mhionaideach air na ceanglaichean eadar beachdan agus creideamhan pearsanta agus proifeiseanta, luachan agus cleachdaidhean gus leasachadh a thoirt gu buil agus, far a bheil e iomchaidh, cruth atharrachadh a thoirt air cleachdadh.

#### ❖ **Earbsa agus Urram**

- A bhith gad ghiùlain fhèin agus an sàs ann an dòighean a tha a' leasachadh cultar de dh'earbsa agus urram tro, mar eisimpleir, a bhith earbsach agus a' sealltainn urram do dhaoine eile san sgoil, agus dhaibhsan uile a tha an sàs ann a bhith a' toirt buaidh air beatha luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na coimhearsnachd ionnsachaidh.
- A' solarachadh agus a' dèanamh cinnteach gu bheil àrainn shàbhailte agus dhìonach air a toirt don h-uile neach-ionnsachaidh taobh a-staigh nòs a tha coibhneil agus co-fhulangach agus le tuigse air sunnd.
- A' toirt fianais air dealas a thaobh a bhith a' brosnachadh agus a' misneachadh luchd-ionnsachaidh, ag aithneachadh an co-theacsa sòisealta agus eaconamach, am pearsachan eadar-dhealaichte agus am feumalachdan ionnsachaidh sònraichte a' gabhail a-steach bacaidhean a thaobh ionnsachaidh.

---

❖ **Dealas Proifeiseanta**

- A' dol an sàs sa h-uile taobh de chleachdadh proifeiseanta agus ag obair gu colaisteach le gach ball de ar coimhearsnachdan foghlaim le dìorras, freagarrachd agus sgrùdadh cuideachail.
- A' dol an sàs ann an sgrùdadh fad-beatha, ionnsachadh, leasachadh proifeiseanta agus ceannardas mar phrìomh thaobhan de phroifeiseantachd agus cleachdadh co-obrachail.

## 2 Eòlas agus Tuigse Phroifeiseanta

### 2.1 An Curraicealam

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<b>2.1.1 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air nàdar a' churraicealaim agus mar a bhios e air a leasachadh</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>❖ leasaich tuigse mu phrionnsabalan dealbh curraicealaim agus na co-theacsan airson ionnsachadh;</li><li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad mu na pròiseasan a thaobh atharrachadh agus leasachadh sa churraicealam;</li><li>❖ leasaich mothachadh mu cheanglaichean le raointean, ìrean agus earrannan eile den churraicealam.</li></ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>❖ biodh tuigse thèarainte agus mhionaideach agad mu phrionnsabalan dealbh a' churraicealaim agus biodh e comasach dhut an cur an sàs ann an suidheachadh sam bith far a bheil ionnsachadh a' gabhail àite;</li><li>❖ biodh eòlas obrach thèarainte agus tuigse mhionaideach agad mu na pròiseasan atharrachaidh agus leasachaidh sa churraicealam.</li><li>❖ biodh fhios agad mun dòigh a chomharraicheas agus a shoilleiricheas tu ceanglaichean ri raointean, ìrean no earrannan eile den churraicealam, ag adhartachadh ionnsachadh thar chrìochan chuspair.</li></ul>
<b>2.1.2 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air raon (raointean) iomchaidh de churraicealam ro-sgoil, bun-sgoil no àrd-sgoil</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>❖ faigh eòlas agus tuigse mun teòiridh agus na sgilean prataigeach a dh'fheumar ann an raointean den churraicealam, a' cleachdadh stiùireadh ionadail agus nàiseanta;</li></ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>❖ biodh eòlas agus tuigse mhionaideach agad mun teòiridh agus na sgilean prataigeach a dh'fheumar ann an raointean den churraicealam, a' cleachdadh stiùireadh ionadail agus nàiseanta;</li></ul>

<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh tuigse agad air an dòigh anns an dean thu maidseadh air ìre raointean a' churraicealaim ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh tuigse agad air cho cudromach 's a tha e a bhith a' cleachdadh agus a' dealbh stuthan airson teagasg agus ionnsachadh gus brosnachadh, taic agus dùbhlán a thoirt do gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh fios agad mar a leasaicheas tu co-theacsan eadar-chuspaireil airson ionnsachadh a tha fìor-riochdail agus rianail, gu sònraichte a thaobh seasmhachd.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh fios agad air an dòigh ann an dèan thu maidseadh agus a chuireas tu an cèill ìre raointean a' churraicealaim ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh fios agad mar a chleachdas, a dhealbhas agus a dh'atharraicheas tu stuthan airson teagasg agus ionnsachadh a bheir brosnachadh, taic agus dùbhlán do gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh fios agad mar a cho-obraicheas tu le do cho-obraichean gus ionnsachadh eadar-chuspaireil a dhèanamh comasach;</li> <li>❖ biodh fios agad mar a dh'obraicheas tu leis a' choimhearsnachd ionadail agus chruinneil gus co-theacsan eadar-chuspaireil fìor-riochdail agus rianail airson ionnsachadh a leasachadh, gu sònraichte a thaobh seasmhachd.</li> </ul>
<b>2.1.3 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air a bhith a' planadh phrògraman teagaisg rianail agus adhartach</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh fios agad mar a phlanas tu teagasg agus ionnsachadh a tha èifeachdach thar co-theacsan agus fèin-fhiosrachaidhean eadar-dhealaichte;</li> <li>❖ biodh fios agus tuigse agad mar a dh'fhìreanaicheas tu na nithean a tha air an teagasg sna raointean curraicealaim, a thaobh a' churraicealaim agus a bhuntanas ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad;</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh fios agad mar a phlanas tu gu siostamataigeach a thaobh teagasg agus ionnsachadh a tha èifeachdach thar co-theacsan agus fèin-fhiosrachaidhean eadar-dhealaichte;</li> <li>❖ biodh tuigse thèarainte agus mhionaideach agad a dh'fhìreanaicheas na nithean a tha air an teagasg sna raointean curraicealaim, a thaobh a' churraicealaim agus a bhuntanas ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad;</li> <li>❖ biodh tuigse aca air an dreuchd mar stiùirichean air leasachadh curraicealaim.</li> </ul>
<b>2.1.4 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air co-theacsan airson ionnsachadh gus an uallachaidhean a choileanadh ann an litarrachd, àireamhachd, slàinte agus sunnd agus ionnsachadh eadar-chuspaireil</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p>

<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh fios agad air mar a dh'adhartaicheas tu agus a bheir thu taic do shunnd cognatach, faireachail, sòisealta agus corporra gach neach-ionnsachaidh a tha fod chùram, agus dealas a nochdadh gu bhith a' togail na tha an luchd-ionnsachaidh an dùil a choileanas iad fhèin;</li> <li>❖ biodh fios agad air an dòigh anns an cuir thu an gnìomh eòlas agus tuigse air raointean den churraicealam a bhios a' cur ri leasachadh pearsanta agus sòisealta agus ri slàinte agus sunnd;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air stiùireadh làithreach a thaobh a bhith a' cleachdadh theicneòlasan didseatach ann an sgoiltean agus fios a bhith agad air mar a thèid teicneòlasan fiosrachaidh a chleachdadh gus cur ri teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air susbaint a' churraicealaim a thaobh litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd mar a tha iad sin air an cur an cèill ann an stiùireadh nàiseanta;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air dòighean agus teòraidhean a tha mar bhun-stèidh air teagasg èifeachdach de litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd; agus a bhith a' taghadh nan dòighean as iomchaidh gu bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air prìomhachasan foghlaim làithreach leithid ionnsachadh airson seasmhachd.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh fios agad air mar a dh'adhartaicheas tu agus a bheir thu taic do shunnd cognatach, faireachail, sòisealta agus corporra gach neach-ionnsachaidh, agus dealas a shealltainn a thaobh a bhith a' togail na tha an luchd-ionnsachaidh air fad an dùil a choileanas iad fhèin;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air raointean den churraicealam a bhios a' cur ri leasachadh pearsanta agus sòisealta agus ri slàinte agus sunnd;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse thèarainte agad air stiùireadh làithreach a thaobh a bhith a' cleachdadh theicneòlasan didseatach ann an sgoiltean agus fios a bhith agad air mar a thèid teicneòlasan fiosrachaidh a chleachdadh gu comasach gus cur ri teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse iomchaidh 's a tha a' sior mheudachadh agad air susbaint a' churraicealaim a thaobh litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd mar a tha iad sin air an cur an cèill ann an stiùireadh nàiseanta;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse thèarainte agad air dòighean agus teòraidhean a tha mar bhun-stèidh air teagasg èifeachdach de litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd; agus a bhith a' dèanamh taghadh èifeachdach air na dòighean as iomchaidh gu bhith a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh air fad</li> <li>❖ biodh eòlas thèarainte agad air prìomhachasan foghlaim làithreach leithid ionnsachadh airson seasmhachd.</li> </ul>
<p><b>2.1.5 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air prionnsabalan measaidh, clàraidh agus a' toirt fios air ais</b></p>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad gu bheil prionnsabalan measaidh, clàraidh agus a' toirt fios air ais mar nì bunaiteach don phròiseas teagasg agus ionnsachadh;</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad mar a chuireas tu an cèill na prionnsabalan measaidh, clàraidh agus a' toirt fios air ais mar nì bunaiteach den phròiseas teagaisg;</li> </ul>

<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad mun dòigh anns an tèid prionnsabalan measaidh a chleachdadh, mar a thèid measaidhean a chlàradh ann an dòigh iomchaidh, mar a thèid fiosrachadh bho mheasadh a chleachdadh gus adhartas a sgrùdadh, gus cur ri teagasg agus ionnsachadh, gus na h-ath cheumannan a chomharrachadh agus gus aithisgean soilleir, fiosrach agus mothachail ullachadh.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas farsaing agus tuigse thèarainte agad mu phrionnsabalan measaidh, modhan clàradh fiosrachadh measaidh, a bhith a' cleachdadh measadh airson sgrùdadh a dhèanamh air adhartas, ann a bhith a' leasachadh teagasg agus ionnsachadh, a' comharrachadh na h-ath cheumannan agus am feum a tha ann aithisgean soilleir, fiosrach agus mothachail ullachadh.</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air an <a href="#">Modail Cleachdadh Nàiseanta GIRFEC</a> agus air an dòigh anns an tèid seo a chur an cèill airson taic a thoirt do theagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh eòlas farsaing agus tuigse thèarainte agad air na riatanasan measaidh a tha aig na prìomh bhuidhnean duaiseachaidh agus creideasachaidh.</li> </ul>
--	---

## 2.2 Siostaman Foghlaim agus Uallaichean Proifeiseanta

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<b>2.2.1 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air prìomh fheartan an t-siostam foghlaim, agus poileasaidh agus modh-obrach foghlaim</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ leasaich tuigse air na prìomh nithean a tha a' toirt buaidh air foghlam ann an Alba agus thoir air adhart mothachadh air siostaman eadar-nàiseanta;</li> <li>❖ leasaich tuigse air reachdas agus stiùireadh làithreach, iomchaidh mar <a href="#">Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa (2000)</a>, <a href="#">Achd Foghlam (Tuilleadh Taic airson Ionnsachadh) (Alba) 2004</a>, <a href="#">Achd na Co-ionannachd 2010</a> agus <a href="#">GIRFEC</a>;</li> <li>❖ leasaich tuigse air taobhan laghail agus proifeiseanta an t-suidheachaidh earbsa sa bheil tidsear a thaobh an luchd-ionnsachaidh.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh tuigse agad air na prìomh nithean a tha a' toirt buaidh air foghlam ann an Alba agus air siostaman eadar-nàiseanta agus biodh tuigse agad air a' bhuaidh a tha aig na siostaman sin air teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh tuigse agad air reachdas agus stiùireadh làithreach, iomchaidh mar <a href="#">Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba msaa (2000)</a>, <a href="#">Achd Foghlam (Tuilleadh Taic airson Ionnsachadh) (Alba) 2004</a>, <a href="#">Achd na Co-ionannachd 2010</a> agus <a href="#">GIRFEC</a>;</li> <li>❖ biodh tuigse agad air taobhan laghail agus proifeiseanta an t-suidheachaidh earbsa sa bheil tidsear a thaobh an luchd-ionnsachaidh agus mar a tha iad sin a' toirt buaidh air uallaichean làitheil an tidseir.</li> </ul>

**2.2.2 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air na sgoiltean agus na coimhearsnachdan foghlaim sa bheil e/i a' teagasg agus na h-uallachaidhean proifeiseanta a tha orra fhèin annta sin**

**Gnìomhan Proifeiseanta**

Tidsearan fo Dheuchainn:

- ❖ leasaich tuigse air an earrann agus na sgoiltean sam bi thu ag obair, a' gabhail a-steach: dreuchd nan ùghdarrasan foghlaim, eagrachadh agus rianachd sgoiltean agus stòrasan, planadh airson leasachadh, sgrùdadh agus leasachadh proifeiseanta agus mar a tha iad sin uile a' ceangal a-steach ri obair phroifeiseanta luchd-teagaisg;
- ❖ biodh eòlas obrach agad mu na h-uallaichean cunradail, aoghaireil agus laghail a tha air tidsear;
- ❖ biodh mothachadh agad agus urram airson feallsanachd sònraichte na sgoile;
- ❖ biodh tuigse agad air dreuchdan agus uallaichean an luchd-obrach air fad taobh a-staigh na coimhearsnachd ionnsachaidh.

**Gnìomhan Proifeiseanta**

Tidsearan clàraichte:

- ❖ biodh eòlas obrach thèarainte agus tuigse mhionaideach agad mun earrann agus mu na sgoiltean sam bi thu ag obair, a' gabhail a-steach: dreuchd nan ùghdarrasan foghlaim, eagrachadh agus rianachd sgoiltean agus stòrasan, planadh airson leasachadh, sgrùdadh agus leasachadh proifeiseanta agus mar a tha iad sin uile a' ceangal a-steach ri obair phroifeiseanta luchd-teagaisg;
- ❖ biodh eòlas obrach thèarainte agus tuigse mhionaideach agad mu na h-uallaichean cunradail, aoghaireil agus laghail a tha oirbh mar thidsearan;
- ❖ biodh tuigse agad air cho cudromach 's a tha e a bhith dealasach mun fheallsanachd shònraichte a tha sa h-uile raon den choimhearsnachd ionnsachaidh;
- ❖ biodh eòlas thèarainte agus tuigse mhionaideach agad mun dreuchd agus mu na h-uallaichean a tha ort fhèin mar thidsear a thaobh an luchd-obrach air fad sa choimhearsnachd ionnsachaidh, buidhnean com-pàirteachais eile agus buidhnean phàrant.



## 2.3 Teòraidhean agus Cleachdadh Teagaisg

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<p><b>2.3.1 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air na prionnsabalan foghlaim iomchaidh agus air teòiridhean teagaisg gus cur ri cleachdaidhean proifeiseanta</b></p>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air na h-ìrean de leasachadh cognatach, sòisealta agus faireachail a tha aig luchd-ionnsachaidh is urrainn a bhith air a chleachdadh gu bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air teòraidhean ionnsachaidh agus air cho cudromach 's a tha iad sin ann am planadh, teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air na dòighean anns a bheil siostaman nàdarra, sòisealta, cultarail, poiliteigeach agus eaconamach ag obrachadh agus mu na dòighean sa bheil iad eadar-cheangailte.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas thèarainte agus tuigse mhionaideach agad air na h-ìrean de leasachadh cognatach, sòisealta agus faireachail a tha aig luchd-ionnsachaidh is urrainn dhaibh a chleachdadh gu bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan iomlan gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ biodh eòlas thèarainte agus tuigse mhionaideach agad air teòraidhean ionnsachaidh agus an cleachdadh gu siostamataigeach ann am planadh, teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh eòlas agus tuigse agad air na dòighean anns a bheil siostaman nàdarra, sòisealta, cultarail, poiliteigeach agus eaconamach ag obrachadh agus mu na dòighean sa bheil iad eadar-cheangailte ri cleachdadh proifeiseanta.</li> </ul>
<p><b>2.3.2 Eòlas agus tuigse a bhith aig neach air cho cudromach 's a tha rannsachadh agus a bhith a' dol an sàs ann an sgrùdadh phroifeiseanta</b></p>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agad air an dòigh anns am faigh thu fiosrachadh iomchaidh mu rannsachadh air foghlam agus mun dòigh anns an cleachd thu e;</li> <li>❖ biodh eòlas agad air an dòigh anns an tèid thu an sàs ann an dòigh iomchaidh ann an sgrùdadh siostamataigeach de dhòighean-obrach.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ biodh eòlas agad air an dòigh anns am faigh thu fiosrachadh iomchaidh mu rannsachadh air foghlam agus mun dòigh anns an cleachd thu e;</li> <li>❖ biodh eòlas agad air an dòigh anns an tèid thu an sàs gu mionaideach ann an sgrùdadh, rannsachadh agus measadh, fa leth no ann an dòigh cho-obrachail, agus seo a chur an sàs gus leasachadh a thoirt air teagasg agus ionnsachadh.</li> </ul>

### 3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta

#### 3.1 Teagasg agus Ionnsachadh

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<b>3.1.1 A bhith a’ planadh phrògraman teagaisg a tha rianail, adhartach agus brosnachail a tha a’ maidseadh feuman agus comasan luchd-ionnsachaidh</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a’ planadh airson teagasg èifeachdach agus gus coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh, a’ gabhail a-steach ionnsachadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd agus sgilean airson ionnsachadh beatha agus obair.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a’ planadh gu h-iomchaidh, ann an co-theacsan eadar-dhealaichte agus thar amannan eadar-dhealaichte airson teagasg agus ionnsachadh èifeachdach gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh air fad, a’ gabhail a-steach ionnsachadh ann an litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd agus sgilean airson ionnsachadh beatha agus obair.</li> </ul>
<b>3.1.2 A’ conaltradh gu h-èifeachdach agus ag eadar-obrachadh gu tarbhach le luchd-ionnsachaidh leotha fhèin agus còmhla</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a’ dealbhachadh ìrean iomchaidh de litearrachd agus àireamhachd sa chleachdadh phroifeiseanta aca fhèin;</li> <li>❖ a bhith a’ cleachdadh modhan conaltraidh, a’ gabhail a-steach grunnan sheòrsa meadhan, gus càirdeasan seaghail adhartachadh agus a leasachadh agus gus a bhith a’ brosnachadh agus a’ cumail suas ùidh gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ a bhith a’ conaltradh gu h-èifeachdach leis gach neach-ionnsachaidh, agus a bhith ag adhartachadh comasachd agus misneachd ann an litearrachd;</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a’ dealbhachadh ìrean iomchaidh de litearrachd agus àireamhachd sa chleachdadh phroifeiseanta aca fhèin;</li> <li>❖ a bhith a’ cleachdadh raon de mhodhan conaltraidh, a’ gabhail a-steach grunnan sheòrsa meadhan, gus càirdeasan seaghail adhartachadh agus a leasachadh agus gus a bhith a’ brosnachadh agus a’ cumail suas ùidh gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ a bhith a’ conaltradh gu h-èifeachdach leis gach neach-ionnsachaidh, agus a bhith ag adhartachadh comasachd agus misneachd ann an litearrachd;</li> </ul>

<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a' comharrachadh ro-innleachdan ceasnachaidh èifeachdach;</li> <li>❖ mìnich adhbhar an ionnsachaidh agus thoir fiosrachadh aig an ìre/na h-ìrean iomchaidh do gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ broснаich com-pàirteachas an neach-ionnsachaidh ann an deasbad agus ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu chùisean a tha fosgailte, iom-fhillte, connsaicheach no faireachail;</li> <li>❖ beachdaich air buaidh an dòigh conaltraidh agad air luchd-ionnsachaidh agus air daoine eile sa chlas-rùm.</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>❖ a bhith a' comharrachadh ro-innleachdan ceasnachaidh èifeachdach a bhios eadar-dhealaichte gus coinneachadh ri feumalachdan gach neach-ionnsachaidh gus an cuir iad ri teagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ mìnich adhbhar an ionnsachaidh agus thoir fiosrachadh aig an ìre/na h-ìrean iomchaidh do gach neach-ionnsachaidh;</li> <li>❖ cruthaich cothroman gus a bhith a' brosnachadh com-pàirteachas an neach-ionnsachaidh ann an deasbad agus ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean mu chùisean a tha fosgailte, iom-fhillte, connsaicheach no faireachail;</li> <li>❖ beachdaich air buaidh an dòigh conaltraidh agad air luchd-ionnsachaidh agus air daoine eile sa choimhearsnachd ionnsachaidh.</li> </ul>
<p><b>3.1.3 Cleachd raon de ro-innleachdan agus stòrasan teagaisg gus coinneachadh ri feumalachdan agus comasan luchd-ionnsachaidh</b></p>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ thoir fianais gun urrainn dhut ro-innleachdan cruthachail agus mac-meanmnach a thaghadh airson teagasg agus ionnsachadh a bhios iomchaidh do luchd-ionnsachaidh fa-leth, do bhuidhnean no do chlasaichean;</li> <li>❖ thoir fianais gun urrainn dhut taghadh agus cleachdadh raon farsaing de stòrasan agus de mhodhan teagaisg, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach agus cothroman a bhith ag ionnsachadh a-muigh;</li> <li>❖ thoir fianais gu bheil an comas agad a bhith a' fireanachadh agus a' measadh cleachdadh proifeiseanta, agus ceuman a ghabhail gus a' bhuidhnean air an luchd-ionnsachaidh air fad a leasachadh.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ tagh ro-innleachdan cruthachail agus mac-meanmnach airson teagasg agus ionnsachadh a bhios iomchaidh do dh'ùidhean agus feumalachdan gach neach-ionnsachaidh, mar dhaoine fa-leth, buidhnean no clasaichean;</li> <li>❖ thoir fianais gun urrainn dhut taghadh agus cleachdadh raon farsaing de stòrasan agus de mhodhan teagaisg, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach agus cothroman a bhith ag ionnsachadh a-muigh;</li> <li>❖ a bhith a' fireanachadh gu cunbhalach agus a' measadh cleachdadh proifeiseanta, agus ceuman a ghabhail gus a bhith a' leasachadh a' bhuidhnean air an luchd-ionnsachaidh air fad;</li> <li>❖ a bhith a' cruthachadh cothroman gus am bi ionnsachadh cruth-atharrachail a thaobh a bhith a' toirt dùbhlann do ro-bheachdan agus a bhith a' leudachadh sheallaidhean mun t-saoghal mhòr.</li> </ul>

### 3.1.4 Biodh sùileachadh àrd agad a thaobh an luchd-ionnsachaidh air fad

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan fo Dheuchainn:

- ❖ leasaich gnìomhan agus suidhich an astar aig am bithear ag obair gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh, a' tabhann taic èifeachdach agus dùbhlan, a' sireadh comhairle gu h-ìomchaidh;
- ❖ thoir fianais gu bheil mothachadh agad air bacaidhean a thaobh ionnsachadh, ag aithneachadh cuin a dh'fheumas tu tuilleadh comhairle a shireadh a thaobh feumalachdan luchd-ionnsachaidh air fad.

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan clàraichte:

- ❖ a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan ionnsachaidh diofraichte, eadar-dhealaichte agus air an dealbh gus misneachd a thogail agus gus adhartas gach neach-ionnsachaidh a bhrosnachadh, a' toirt taic èifeachdach agus dùbhlan;
- ❖ a' comharrachadh gu h-èifeachdach mothachadh air bacaidhean a thaobh ionnsachadh, agus a' dèiligeadh ri sin ann an dòigh ìomchaidh, a' sireadh comhairle a thaobh feumalachdan luchd-ionnsachaidh air fad a rèir an fheum a bhios ann;
- ❖ seall dealas ann a bhith ag àrdachadh na tha luchd-ionnsachaidh a' sùileachadh bhuapa fhèin agus bho dhaoine eile agus an ìre cùraim aca dhaibh fhèin, dha daoine eile agus dhan t-saoghal nàdarra.

### 3.1.5 Obraich gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachas gus ionnsachadh agus sunnd adhartachadh

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan fo Dheuchainn:

- ❖ dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' cur ri planadh agus ri bhith a' meudachadh am prògraman ionnsachaidh fhèin;
- ❖ thoir fianais gu bheil comas agad a bhith ag obair gu co-obrachail san t-seòmar-sgoile agus ann an coimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge còmhla ri luchd-obrach, pàrantan agus buidhnean com-pàirteachais gus ionnsachadh agus sunnd a bhrosnachadh.

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan clàraichte:

- ❖ suidhidh cultar far a bheil luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs gu brìghmhor ann an co-dhunaidhean co-cheangailte rin ionnsachadh agus ris an sgoil aca;
- ❖ cruthaich agus cùm suas càirdeasan obrach ìomchaidh leis an luchd-obrach air fad, ri pàrantan agus buidhnean com-pàirteachais gus taic a thoirt do ionnsachadh agus sunnd, a' gabhail an stiùir an uair a bhios sin ìomchaidh.

## 3.2 Eagrachadh agus Rianachd Seòmar-sgoile

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<b>3.2.1 Cruthaich àrainn ionnsachaidh shàbhailte, chùramach agus ghnòthaicheil</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ dealbh agus ullach àrainn ionnsachaidh a tha sàbhailte agus air a dheagh eagrachadh, a' gabhail a-steach feum èifeachdach de thaisbeanadh;</li> <li>❖ dèan feum iomchaidh den rùm a tha ri fhaotainn gus leasain làn-chlas a ghabhail a-steach, obair buidhne agus obair luchd-ionnsachaidh fa leth agus gus ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh;</li> <li>❖ cleachd cothroman ionnsachadh a-muigh, a' gabhail a-steach fèin-fhiosrachaidhean dìreach mu nàdar agus ionnsachadh eile taobh a-staigh agus taobh a-muigh crìochan na sgoile;</li> <li>❖ eagraich agus rianaich stòrasan seòmar-sgoile agus teicneòlasan didseatach gus taic a thoirt do theagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh fios agad mu agus biodh e comasach dhut a bhith a' cur an sàs riaghailtean slàinte agus sàbhailteachd mar a bhios iomchaidh a chum na dreuchd.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ dèan cinnteach gu bheil an seòmar-sgoile no an t-àite-obrach tèarainte, air a dheagh eagrachadh, air a dheagh rianachd agus brosnachail, le feum èifeachdach de thaisbeanadh a tha air ùrachadh gu riaghailteach;</li> <li>❖ dealbh agus ullach an t-àite a tha ri fhaotainn gu h-èifeachdach gus leasain làn-chlas a ghabhail a-steach, obair buidhne agus obair luchd-ionnsachaidh fa leth agus gus ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh;</li> <li>❖ cleachd cothroman ionnsachadh a-muigh, a' gabhail a-steach fèin-fhiosrachaidhean dìreach mu nàdar agus ionnsachadh eile taobh a-staigh agus taobh a-muigh crìochan na sgoile;</li> <li>❖ dèan e comasach do luchd-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh làn fheum de stòrasan a tha air an deagh thaghadh, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach gus taic a thoirt do theagasg agus ionnsachadh;</li> <li>❖ biodh fios agad mu agus cuir an sàs riaghailtean slàinte agus sàbhailteachd gu h-iomchaidh mar phàirt riatanach de chleachdadh proifeiseanta.</li> </ul>

### 3.2.2 Leasaich càirdeasan seaghail agus ro-innleachdan de dheagh mhodh

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan fo Dheuchainn:

- ❖ thoir fianais gu bheil comas agad cùram agus dealas a nochdadh ann a bhith ag obair leis an luchd-ionnsachaidh air fad;
- ❖ thoir fianais gu bheil eòlas agus tuigse agad air comharran sunnd;
- ❖ seall mothachadh air rannsachadh foghlaim agus air comhairle ionadail agus nàiseanta, agus thoir fianais air a' chomas grunnan ro-innleachd a chleachdadh gus càirdeasan a thogail le luchd-ionnsachaidh, deagh dhòigh giùlain adhartachadh agus soirbheas a chomharrachadh;
- ❖ cuir an cèill poileasaidh na sgoile a thaobh deagh dhòigh giùlain, a' gabhail a-steach ro-innleachdan airson a bhith a' tuigsinn agus a' cur bacadh air burraidheachd;
- ❖ fios a bhith agad ciamar agus cuin a bu chòir comhairle cho-obraichean a shireadh a thaobh a bhith a' dèanamh rianachd air dòigh giùlain;
- ❖ thoir fianais air comas a bhith a' fireanachadh a' mhodh a chaidh a chleachdadh airson dòigh giùlain a rianachd.

#### Gnìomhan Proifeiseanta

Tidsearan clàraichte:

- ❖ thoir fianais gu bheil comas agad cùram agus dealas a nochdadh ann a bhith ag obair leis an luchd-ionnsachaidh air fad;
- ❖ thoir fianais gu bheil eòlas agus tuigse thèarainte agad air comharran sunnd;
- ❖ seall mothachadh domhainn air rannsachadh foghlaim agus air comhairle ionadail agus nàiseanta, agus cleachd grunnan ro-innleachd ann an dòigh chunbhalach gus càirdeasan a thogail le luchd-ionnsachaidh, deagh dhòigh giùlain adhartachadh agus soirbheas a chomharrachadh;
- ❖ cuir an cèill gu cunbhalach poileasaidh na sgoile a thaobh deagh dhòigh giùlain, a' gabhail a-steach ro-innleachdan airson a bhith a' tuigsinn agus a' cur bacadh air burraidheachd, agus a' manaidseadh dòigh giùlain sgoileir san sgoil agus mun cuairt na sgoile, ann an dòigh chothromach, fhaireachail agus fhiosrach;
- ❖ faigh agus cleachd comhairle cho-obraichean agus luchd-obrach àrdaichte, mar a bhios iomchaidh, a thaobh a bhith a' dèanamh rianachd air dòigh giùlain;
- ❖ dèan measadh air agus fireanaich na modhan a chleachd iad airson dòigh giùlain a rianachd, agus, far am bi sin riatanach, a bhith deònach modhan ùra a chleachdadh gus an leasachadh;
- ❖ aithneachadh an uair a tha dòigh giùlain neach-ionnsachaidh a' comharrachadh gu bheil neach fo iomagain agus feumach air tuilleadh taic, agus gnìomh iomchaidh a dhèanamh.

### 3.3 Measadh Sgoileir

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Làn Chlàradh
<p><b>3.3.1 Cleachd measadh, clàradh agus fios air ais mar phàirt riatanach den phròiseas teagasg gus taic a thoirt do ionnsachadh agus gus a mheudachadh</b></p>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ cleachd raon de mhodhan airson adhbharan measaidh cunbhalach agus deireannach, iomchaidh a chum feumalachdan gach neach-ionnsachaidh agus riatanasan a' churraicealaim agus nam buidhnean duais agus creideis;</li> <li>❖ thoir cothrom do gach neach-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an fhèin-mheasadh agus ann am measadh co-aoise a chum buannachd foghlaim;</li> <li>❖ clàraich fiosrachadh measaidh gus teagasg agus ionnsachadh àrdachadh;</li> <li>❖ cleachd toraidhean measaidh gus neartan agus feumalachdan leasachaidh a shònrachadh a leanas air adhart gu tuilleadh chothroman ionnsachaidh.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ leasaich gu siostamataigeach agus cleachd raon fharsaing de ro-innleachdan, mhodhan agus stuthan co-cheangailte airson adhbharan measaidh cunbhalach agus deireannach, iomchaidh a chum feumalachdan gach neach-ionnsachaidh agus riatanasan a' churraicealaim agus nam buidhnean duais agus creideis;</li> <li>❖ thoir cothrom do gach neach-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an fhèin-mheasadh agus ann am measadh co-aoise a chum buannachd foghlaim;</li> <li>❖ clàraich fiosrachadh measaidh ann an dòigh siostamataigeach agus brìoghmhor gus teagasg agus ionnsachadh àrdachadh agus gus coinneachadh ri riatanasan a' churraicealaim agus buaidhnean duaiseachaidh;</li> <li>❖ cleachd toraidhean measaidh gus feumalachdan leasachaidh a shònrachadh aig ìre clas, buidheann agus neach-ionnsachaidh fa leth agus mar bhun-stèidh airson conaltradh ri luchd-ionnsachaidh mun adhartas agus an targaidean;</li> <li>❖ ullach aithisgean soilleir agus fiosrach airson pàrantan agus buidhnean eile a bhios a' mineachadh adhartas luchd-ionnsachaidh ann an cùisean co-cheangailte ri leasachadh pearsanta, sòisealta agus faireachail ann an dòigh mhothachail agus chuideachail.</li> </ul>

### 3.4 Meòrachadh agus Conaltradh Proifeiseanta

An Inbhe airson Clàradh fo Chùmhnant	An Inbhe airson Clàradh
<b>3.4.1 Leugh agus cuir gu breithneachail ri litreachas proifeiseanta, rannsachadh agus poileasaidh foghlaim</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ leugh agus dèan sgrùdadh air raon de litreachas foghlaim agus rannsachaidh iomchaidh;</li> <li>❖ cleachd na tha iad air ionnsachadh bhon leughadh agus an rannsachadh gu bhith a' toirt dùbhlann do agus a bhith a' cur ri cleachdadh.</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ leugh agus dèan sgrùdadh mionaideach air raon de litreachas foghlaim agus rannsachaidh iomchaidh;</li> <li>❖ thèid an sàs ann an rannsachadh agus litreachas gu bhith a' toirt dùbhlann do agus a bhith a' cur ri cleachdadh proifeiseanta.</li> </ul>
<b>3.4.2 Thèid an sàs ann an obair bheachdail gus eòlas agus ealantas proifeiseanta fad-dhreuchd a leasachadh agus adhartachadh</b>	
<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan fo Dheuchainn:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ beachdaich air agus thèid an sàs ann an fhèin-mheasadh a' cleachdadh an inbhe iomchaidh phroifeiseanta;</li> <li>❖ cleachd modh obrach sgrùdail a thaobh an gnìomhan proifeiseanta agus thèid an sàs ann an sgrùdadh proifeiseanta agus ann an conaltradh proifeiseanta;</li> <li>❖ dèan measadh air an gnìomhan san t-seòmar-sgoile, a' gabhail a-steach fios air ais bho fheadhainn eile, gus teagasg agus ionnsachadh àrdachadh;</li> <li>❖ thèid an sàs, far a bheil e comasach, ann am pròiseasan leasachadh curraicealaim, planadh airson adhartais agus sgrùdadh agus</li> </ul>	<p><b>Gnìomhan Proifeiseanta</b></p> <p>Tidsearan clàraichte:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ beachdaich air agus thèid an sàs ann an fhèin-mheasadh a' cleachdadh an inbhe iomchaidh phroifeiseanta;</li> <li>❖ taisbein modh obrach sgrùdail agus breitheach nan gnìomhan is nan leasachadh proifeiseanta agus thèid an sàs ann an conaltradh proifeiseanta siostamataigeach;</li> <li>❖ dèan measadh, agus dèan atharrachadh mionaideach agus siostamataigeach air am modh obrach san t-seòmar-sgoile, a' gabhail a-steach fios air ais bho fheadhainn eile, gus teagasg agus ionnsachadh àrdachadh;</li> <li>❖ taisbein com-pàirteachas cuideachail agus dol an sàs ann an leasachadh a' churraicealaim, planadh airson adhartais agus</li> </ul>



<p>leasachadh proifeiseanta;</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ co-obrach le luchd-obrach eile gus ionnsachadh agus leasachadh proifeiseanta a cho-roinn ri co-obraichean;</li> <li>❖ clàr a chumail den ionnsachadh agus an leasachadh proifeiseanta fhèin, a bhios aig a' cheann thall mar Tùs Phlana Gnìomh Leasachadh Proifeiseanta.</li> </ul>	<p>sgrùdadh agus leasachadh proifeiseanta;</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>❖ co-obrach le luchd-obrach gus cur ri ionnsachadh agus leasachadh proifeiseanta cho-obraichean, a' gabhail a-steach oileanaich, tro bhith a' tabhann taic agus comhairle fheumail agus tro bhith a' co-roinn fèin fhiosrachaidh;</li> <li>❖ clàr èifeachdach agus pasgan a chumail den ionnsachadh agus an leasachadh phroifeiseanta fhèin, agus plana gnìomh a thaobh leasachadh proifeiseanta, a bhios a' gabhail a-steach sgrùdadh air a' bhuidhe air luchd-ionnsachaidh agus air gnìomhan proifeiseanta an neach fhèin.</li> </ul>
---	---



*Tha GTC Alba ag amas air a bhith ag àrdachadh  
co-ionannachd agus iomadachd na obair air fad*

## GTC Alba

Taigh Clerwood House,  
96 Rathad Clermiston,  
Dùn Èideann, EH12 6UT  
Fòn: 0131 314 6000 Fax: 0131 314 6001  
P-dealain: [gtcs@gtcs.org.uk](mailto:gtcs@gtcs.org.uk)

## Làraich-lìn co-cheangailte

**Prìomh làrach:**  
[www.gtcs.org.uk](http://www.gtcs.org.uk)

**Roinn fo chùmhnannt:**  
[www.gtcs.org.uk/probation](http://www.gtcs.org.uk/probation)

**Làrach thidsearan fo chùmhnannt:**  
[www.probationerteacherscotland.org.uk](http://www.probationerteacherscotland.org.uk)

**Roinn clàraidh:**  
[www.gtcs.org.uk/registration](http://www.gtcs.org.uk/registration)

**Ùrachadh proifeiseanta:**  
[www.gtcs.org.uk/professional-update](http://www.gtcs.org.uk/professional-update)

**Aithne phroifeiseanta:**  
[www.gtcs.org.uk/professional-recognition](http://www.gtcs.org.uk/professional-recognition)

**Iomchaidheachd teagaisg:**  
[www.gtcs.org.uk/fitness-to-teach](http://www.gtcs.org.uk/fitness-to-teach)

**Rannsachadh:**  
[www.gtcs.org.uk/research](http://www.gtcs.org.uk/research)